



**COMHAIRLE NAN
EILEAN SIAR**

**RO-INNLEACHD
CHORPORRA**

2007-11

SULTAIN 2007

RO-RÀDH

TEACHDAIREACHD BHON NEACH-GAIRM

Is e àite sàr-mhath a tha sna h-Eileanan Siar airson a bhith a' fuireach, ag obair agus a' dèanamh gnothachas annta. Ach, tha an àireamh-sluaigh a' dol sìos. Tha na h-eileanan againn a-nis air crois-rathaid a ruighinn. An ann a' sìor fhàs a bhios am mì-chothromachadh seo ann an aois an t-sluaigh, no an tig barrachd theaghlaichean a dh'fhuireach dha na h-eileanan gus an sluagh ath-chothromachadh?

Tha dreuchd riatanach aig seirbheisean ionadail àrd-inbhe ann a bhith a' tarraing theaghlaichean do na h-Eileanan Siar agus 's ann airson an adhbhair sin a tha sinn ag amas air a bhith am measg nan comhairlean as fheàrr a tha a' coileanadh ann an Alba.

Le bhith ag amas air leasachadh nan seirbheisean, nam pròiseactan agus nam prògraman air mion-amasan ro-innleachdach san àm ri teachd, co-cheangailte ri bhith a' brosnachadh cothromachadh sluaigh, tha a' Chomhairle air dealas soilleir a thoirt do bhith a' dèanamh eadar-dhealachadh a thaobh àm ri teachd nan eilean.

Tha an Ro-innleachd Chorporra seo a' toirt bun-stèidh airson dealbhadh àm ri teachd sheirbheisean, phròiseactan agus phrògraman thairis air na ceithir bliadhna a tha romhainn. Ged a tha an Ro-innleachd seo gu mòr a' buntainn ri seirbheisean na Comhairle, tha dleastanas reachdail againn Dealbhadh Coimhearsnachd a stiùireadh agus obraichidh sinn leis na com-pàirtichean againn, is cleachdaidh sinn am pròiseas dealbhadh coimhearsnachd, gus goireasan a mheudachadh agus airson ar cuideachadh gus leasachadh a thoirt air càileachd beatha nan daoine a tha a' fuireach 's ag obair sna h-Eileanan Siar.

Nì sinn sgrùdadh air a' choileanadh againn fhad 's a bhios sinn a' dèanamh adhartas gu ruige an Ro-innleachd a choileanadh, agus bheir sinn fios air ais don choimhearsnachd gu riaghailteach.

An Comhairliche Ailig MacDhòmhnail
Neach-gairm

AN CO-THEACSA

LÈIRSINN CHO-ROINTE AIRSON ÀM RI TEACHD NAN EILEAN

Is e Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd nan Eilean Siar, na h-earrannan poblach, priobhaideach agus saor-thoileach ag obair còmhla gus coinneachadh ri feumalachdan choimhearsnachdan eileanach.

Tha an Com-pàirteachas air lèirsinn cho-roinnte aontachadh gus leasachadh phoileasaidhean agus sheirbheisean sna h-eileanan a stiùireadh.

Is e amas a' Chom-pàirteachais:

Coimhearsnachd shoirbheachail agus fhallain a chruthachadh a tha a' tighinn beò ann an àrainneachd àrd-inbhe le ceanglaichean còmhdhail leasaichte agus cothrom air deagh ghoireasan stèidhichte air prionnsabalan leasachadh seasmhach tro spèis airson na h-àrainneachd nàdarra agus dualchasan cultarail nan Eilean Siar.

Tha an Ro-innleachd Chorporra seo a' taisbeanadh dealas na Comhairle do libhrigeadh na lèirsinn seo.

Tha an Com-pàirteachas seo cuideachd air ainm a chur ris na 15 Cuspairean Seasmhachd agus tha a' Chomhairle a' leantainn air adhart a' toirt taic do phrionnsabalan leasachadh seasmhach agus co-ionannachd.

A' COIMHEAD RIS AN ÀM RI TEACHD – AN DÙBHLAN AS MOTHA AGAINN

Tha lùghdachadh sluaigh san ùine-fhada agus atharrachadh sluaigh na dhragh leantainneach airson a' Chom-pàirteachais. Ann an 2005, rinn co-chomhairlichean rannsachadh domhainn air na ceistean mu thimcheall imrich, agus lorg iad gum faodadh na nithean a leanas tachairt:

- Lùghdachadh 23% san àireimh bhoireannach aig aois clann a bhreith ro no ann an 2019
- Dh'fhaodadh mì-chothromachadh gnè cudromach a bhith ann leis an àireimh fhireannach a' toirt bàrr air an àireimh bhoireannach ro no ann an 2009
- Lùghdachadh 50% ann am breithean gach bliadhna thairis air an ath 20 bliadhna
- Àrdachadh cudromach san àireimh sheann daoine san t-sluaigh againn
- Àrdachadh ann an aois chuibheasach muinntir nan Eilean bho 42.4 (mar-thà glè aosta) ann an 2004, gu 45.3 ann an 2009.

Tha buaidhean sòisealta agus eaconamach nan toimhsean seo lionmhor agus farsaing. Tha sgioblachadh seirbheis agus gainnead saothair sna prìomh earrannan cosnaidh am measg nam buaidhean a thathar an dùil a bhios aig na h-àireamhan lùghdaichte agus na h-aoisean nas sine.

Gus cothromachadh sluaigh nas fallaine a choileanadh a thaobh aois agus gnè, feumar ceumannan a ghabhail gus:

- an àireamh luchd-obrach òga àrdachadh
- an àireamh bhoireannach àrdachadh
- an aois-obrach chuibheasach a lùghdachadh
- cur ri fàs nàdarra sluaigh (le bhith ag àrdachadh an t-sluaigh aig aois breith chloinne)

Nuair a thathar a' beachdachadh air builean, mion-amasan agus prìomhachasan airson na Ro-innleachd Chorporra seo, dh'amais a' Chomhairle air na ceistean agus na dùbhlain a tha an lùib a bhith a' coileanadh sluaigh seasmhach agus cothromach.

AN AITHRIS RÙIN AGUS NA LUACHAN AGAINN

Is e aithris rùin na Comhairle:

Seirbheisean poblach sàr-mhath a sholarachadh air feadh nan Eilean Siar

Is iad na luachan corporra againn:

- Tha an luchd-dèilig is na coimhearsnachdan againn aig cridhe na tha sinn a' dèanamh
- Tha sinn a' toirt seachad ceannardas coimhearsnachd làidir agus èifeachdach
- Tha sinn moiteil às na h-eileanan againn agus tha sinn a' brosnachadh iomhaigh mhath agus phroifeasanta dhiubh
- Tha sinn a' gabhail uail à bhith a' libhrigeadh càileachd agus luach an airgid agus tha sinn an còmhnaidh a' coimhead airson leasachadh is comas
- Tha sinn a' strì gus na co-obraichean agus na com-pàirtichean againn a thoirt an lùib na h-obrach againn, is ag aithneachadh gum faod rudan sàr mhath tighinn à com-pàirteachas fìor
- Tha sinn a' toirt seachad seirbheisean amalaichte nuair is urrainn dhuinn seach gu bheil sinn ag aithneachadh gun cuidich seo gus seirbheisean poblach a ghleidheadh sna h-eileanan
- Tha sinn a' dèanamh ar dìcheall gus a' Chomhairle a dhèanamh na h-àite san roghnaicheadh daoine a bhith ag obair
- Tha sinn a' cumail rian air ar maoin gus dèanamh cinnteach gu bheil e co-ionann ris na planaichean libhrigeadh seirbheis againn is gu bheil e freagarrach airson an adhbhair

RO DHEIREADH TEIRM NA COMHAIRLE THÈID AGAINN AIR
TAISBEANADH GU BHEIL COILEANADH NA SEIRBHEIS AGAINN AIR
TIGHINN AIR ADHART

AM PRÌOMHACHAS AGAINN AIRSON A DHOL AN GNÌOMH

RO DHEIREADH TEIRM NA COMHAIRLE SEO THÈID AGAINN AIR
TAISBEANADH GU BHEIL GLEIDHEADH SLUAIGH AGUS IMRICH
A-STEACH AIR TIGHINN AIR ADHART

Is e mion-amas ro-innleachdail mòr-mhiannach a tha seo, agus gus a choileanadh tha sinn air na mion-amasan a leanas a shuidheachadh:

Saoibhreas Fàs-mhor ann an Eaconamaidh Fhàs-mhor

Na Mion-amasan againn airson 2007-11	Mar a thomhaiseas sinn soirbheachas
<p>Stiùiridh sinn libhrigeadh na Ro-innleachd Ath-bheothachaidh</p> <p>“A’ Cruthachadh Choimhearsnachdan airson na h-Ama ri Teachd.”</p> <p>Bheir sinn taic do, no nì sinn tagradh airson, ceumannan a bheir taic do dh’fhàs gnothachais agus buannachd fharpaiseach.</p>	<p>Làn-thoradh Dùthchail Roinneil nas Àirde</p> <p>Ìrean cuibheasach tuarastail nas àirde san eaconamaidh</p> <p>Fàs san earrainn phrìobhaidich</p> <p>Fàs sna h-earrannan a tha a’ tighinn am bàrr</p> <p>Barrachd talmhainn an seilbh choimhearsnachd</p>

Coimhearsnachdan Làidir, Freumhan Làidir, Cultar Làidir

Na Mion-amasan againn airson 2007-11	Mar a thomhaiseas sinn soirbheachas
<p>Treòraichidh sinn tasgadh gus am bun-structair ionadail agus an àrainneachd thogte a ghleidheadh agus a leasachadh.</p> <p>Bheir sinn taic do choimhearsnachdan gus raon ghoireasan coimhearsnachd ruigsinneach, seasmhach agus aig prìs reusanta a libhrigeadh.</p> <p>Bheir sinn taic do bhith a’ neartachadh na Gàidhlig mar chànan am measg theaghlaichean agus sa choimhearsnachd</p> <p>Stiùiridh sinn taic airson cultar agus dualchas</p>	<p>Coltas bhailtean a leasachadh</p> <p>Raon agus cleachdadh ghoireasan meudaichte</p> <p>Barrachd làthaireachd aig tachartasan agus cleasan</p> <p>Barrachd luchd-labhairt na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar</p> <p>Àireamh nas àirde de luchd-obrach ùra aig nach eil a’ Ghàidhlig a’ gabhail chlasaichean</p> <p>Barrachd thachartasan agus chleasan</p> <p>Barrachd taic airson buidhnean saor-thoileach an sàs ann an cultar agus dualchas</p>

Foghlam Àrd-inbhe ann an Toglaichean Àrd-inbhe

Na Mion-amasan againn airson 2007-11	Mar a thomhaiseas sinn soirbheachas
<p>Libhrigidh sinn seirbheis fhoghlaim seasmhach air feadh nan Eilean Siar.</p> <p>Stiùiridh agus bheir sinn taic do libhrigeadh chothroman airson ionnsachadh fhad-bheatha airson gach aois air feadh nan eilean.</p>	<p>Buannachd agus toraidhean deuchainn nas fheàrr</p> <p>Reataichean barrantachaidh nas fheàrr ann an co-theacsa chom-pàirteachasan sgoile-colaiste</p> <p>Coileanadh nas fheàrr ann an litearras agus àireamhas sa Ghàidhlig agus sa Bheurla</p> <p>Ìrean làthaireachd agus in-ghabhail air an cumail suas no air an leasachadh</p> <p>Reataichean bliadhnail nas fheàrr a thaobh staid agus freagarrachd oighreachd na sgoile</p> <p>Barrachd com-pàirteachais ann an cothroman ionnsachadh fhad-bheatha</p>

Comhairle Uaine, Eileanan Uaine

Na Mion-amasan againn airson 2007-11	Mar a thomhaiseas sinn soirbheachas
<p>Stiùiridh sinn leasachadh agus libhrigeadh ro-innleachd gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-Eileanan Siar, agus a' Chomhairle, neodrail a thaobh gualain.</p> <p>Solaraidhidh sinn batharan agus seirbheisean san dòigh as seasmhaiche.</p>	<p>Lùghdachadh ann an làrach-coise gualain na Comhairle</p> <p>Caitheamh lùghdaichte a thaobh goireasan air bhunait gualain</p> <p>Lùghdachadh sa cheudad de sgudal iomlan a tha air a chleachdadh airson lìonadh-talmhainn</p> <p>An àireamh de sholaraidhean ionadail a tha a' cosnadh chunnaidhean tro thairgse fharpaiseach a mheudachadh.</p>

A' Neartachadh Cheanglaichean, A' Neartachadh Choimhearsnachdan

Na Mion-amasan againn airson 2007-11	Mar a thomhaiseas sinn soirbheachas
<p>Stiùiridh sinn libhrigeadh lìonra rathaid agus còmhdaidh taobh a-staigh agus eadar na h-eileanan, gus cothroman air obraichean, seirbheisean is goireasan aig prìs ruigsinneach a chomasachadh.</p> <p>Nì sinn tagradh airson leasachadh leantainneach a thaobh ceanglaichean còmhdaidh ruigsinneach agus aig prìs reusanta gu tìr-mòr.</p>	<p>An t-slighe-droma a tha dùbailte a dhèanamh nas fhaide</p> <p>Reataichean bliadhnail staid agus freagarrachd lìonra an rathaid a leasachadh</p> <p>Prìs agus cothrom airson seirbheisean bus, adhair agus aiseig a chumail aig an aon ìre no a leasachadh</p>

A' SGRÙDADH AGUS AG AITHRIS AIR ADHARTAS

A' libhrigeadh na Ro-innleachd

Aontaichidh a' Chomhairle ri plana obrach airson gach Comataidh a thèid a libhrigeadh thairis air na ceithir bliadhna a leanas. Co-cheanglaidh na Roinnean na planaichean agus na prìomhachasan seo do phlana gnothachais trì bliadhna a nì cinnteach gun lean stòrasan na prìomhachasan a tha air an comharrachadh is air an aontachadh.

Ag aithris air adhartas

Nì a' Chomhairle sgrùdadh air adhartas a thaobh a bhith a' coileanadh nan targaidean a tha air am mìneachadh san Ro-innleachd seo gach bliadhna, agus foillsichidh i am fiosrachadh seo air an làrach-lìn agus sna pàipearan ionadail.